

## **GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 22mh dhen t-SAMHAIN 2020**

### **Ùrnaigh aig 7f**

Nuair a smaoinich sinn air cùram Dhè oirnn, gu tric 's e ìomhaigh a' bhuachaille a chì sinn nar n-inntinn: "Oir mar seo tha an Tighearna Dia ag ràdh, Feuch, lorgaidh mise, mise fhèin, mo chaoraich, agus iarraidh mi a-mach iad. Amhail a lorgas aodhair a-mach a threud, anns an là anns am bi e am measg a chaorach a chaidh a sgapadh; mar sin iarraidh mise mo chaoraich fhèin, agus saoraidh mi iad as a h-uile àite gus an robh iad air an sgaradh, anns an là neulach agus dhorcha." (Eseciel 34: 11 - 12) 'S e faclan prìseil, cumhachdach a tha seo. Tha iad ag innse dhuinn gu bheil Dia a' sireadh agus a' tèarnadh an nì sin a bha caillte, teachdaireachd air a bheil sinn feumach ann an làithean dorcha.

Agus tha sinn beò ann an làithean a tha fìor dhorcha do mhòran. Ann an làithean mar seo, tha againn ri bhith sàmhach fad greis, ag èisteachd ri guth an Aoin a ghairmeas oirnn le ar n-ainm. Bidh am buachaille gar gairm le ar n-ainm, fiù 's anns na làithean as doirche. Bidh e a' siubhal maille rinn air an t-slighe, agus leanaidh e air an t-slighe sin gus am bris an latha agus an teich na sgàilean a-rèir toil an Rìgh.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Bhuachaille Mhaith,  
labhair rinn an-diugh,  
agus èist rinn nuair a ghairmeas sinn ort.  
Èist ri gaob do shluaigh,  
agus bi maille rinn air an t-slighe.  
A Thighearna, èist rinn.  
A Thighearna, na do ghràs, èist rinn.

A Bhuachaille Mhaith,  
sir sinn nuair tha sinn caillte,  
agus cruinnich sinn gu sàbhailte nad làthaireachd.  
Labhair rinn nar n-eagal  
agus thoir comhfhurtachd dhuinn nar n-iomgain.  
A Thighearna, èist rinn.  
A Thighearna, na do ghràs, èist rinn.

A Bhuachaille Mhaith,  
seas ri ar taobh anns na làithean dorcha seo  
agus na trèig sinn.  
Lorg nan uile a tha aonranach agus iomagaineach,  
agus dlùth-ghabh riutha nad ghràdh.  
A Thighearna, èist rinn.  
A Thighearna, na do ghràs, èist rinn.

A Bhuachaille Mhaith,  
deònaich dhuinn neart nuair a thuislicheas sinn,  
deònaich dhuinn spionnadh nuair a tha sinn fann.  
Seas ri taobh nan uile a chaidh an dealbhadh nad ìomhaigh,  
agus a dh'fhoillseachas do mhaitheas.  
A Thighearna, èist rinn.  
A Thighearna, na do ghràs, èist rinn.

A Bhuachaille Mhaith,  
deònaich dhuinn taic nuair tha sinn a' fulang  
agus slànachadh nuair tha sinn air ar leònadh.  
Neartaich sinn gus an neartaich sinn ar coimhearsnaich  
agus gus an seas sinn rin taobh anns gach càs.  
A Thighearna, èist rinn.  
A Thighearna, na do ghràs, èist rinn.

A Bhuachaille Mhaith,  
labhair nar cridheachan a-rithist,  
agus deònaich dhuinn lèirsinn agus dòchas airson nan làithean a tha ri teachd.  
Bi romhainn air an t-slighe, o Bhuachaille, o Rìgh,  
agus treòraich sinn dhan àirigh a dh'ullaich thu dhuinn.  
A Thighearna, èist rinn.  
A Thighearna, na do ghràs, èist rinn. Soidhnichte:  
An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte  
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam  
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an  
Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan  
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais  
Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla  
ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)